

GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

'S urrainn dhomh liosta a dhèanamh air na h-àiteachan anns an robh am Mòd thairis air na bliadhnaichean.

'S urrainn dhomh innse mu na farpaisean a bhios aig a' Mhòd.

'S urrainn dhomh innse mu dhaoine/bhuidhnean ainmeil a th' air a bhith a' farpais aig a' Mhòd.

'S urrainn dhomh innse mu chuid de na tachartasan a bhios a' gabhail àite aig iomall a' Mhòid.

- Seall, air mapa, na diofar àiteachan anns a bheil am Mòd air a bhith.
- Dèan rannsachadh air aon de na h-àiteachan agus faigh a-mach dè tha ri dhèanamh/ri fhaicinn san sgìre.
- Dèan graf a' sealltainn cho tric 's a tha am Mòd air a bhith anns gach àite fa leth.
- Le cuideigin eile, no ann am buidhnean beaga, dèan liosta de na diofar farpaisean a bhios aca aig a' Mhòd.
- Dealbhaich suaicheantas airson aon de farpaisean a' Mhòid.
- Le cuideigin eile, no ann am buidhnean beaga, smaoinich air farpais ùr airson a' Mhòid.
- Tagh cuideigin bho shaoghal na Gàidhlig – mar eisimpleir, Karen NicMhathain, Calum Ceanadach, Cairistiona Primrose, cuideigin bho na h-Òganaich/na Lochies, msaa. Dèan faidhle-fiosrachaidh air an son, le eachdraidh-beatha ghoirid, ag innse mu na rudan a rinn iad aig a' Mhòd is na h-òrain a bhios iad a' seinn.
- Dèan rannsachadh air na rudan a bhios a' tachairt aig iomall a' Mhòid – spòrs, seirbheisean eaglaise, cèilidhean, msaa. Dèan postair airson cuid de na rudan seo a shanasachd.

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Dè an sgìre as trice anns an deach am Mòd a chumail? Saoil carson a tha seo?

Saoil carson a tha àite air a thaghadh airson Mòd?

Dè na farpaisean as fheàrr le daoine aig a' Mhòd? Saoil carson a tha seo?

Dè as urrainn dhan Chomunn Ghàidhealach a dhèanamh airson am Mòd a dhèanamh nas tarraingiche do chloinn?

Dè na buannachdan a th' ann do dhaoine a bhith a' gabhail pàirt anns a' Mhòd?

Dè na buannachdan a th' ann do dh'àite nuair a bhios am Mòd air a chumail ann?

CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<http://www.acgmod.org/>

The National Mod – Frank Thompson

'S urrainn dhomh bruidhinn air cùisean a thaobh nan diofar chultaran, luachan agus chleachdaidhean nar coimhearsnachd. SOC 2-16c

An dèidh mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn diofar àitean airson fuireach, obair agus fois, agus àitean inntinneach airson tadhal. SOC 2-10a

Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealaim, is urrainn dhomh iomhaighean agus cruthan a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil mi a' mothachadh do rudan gu mionaideach. EXA 2-04a

Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn iomchaidh is an cleachdadh gus smuaintean is fiosrachadh a thuigsinn is teacsaichean ùra a chruthachadh, le m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. LIT 2-05a

'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdadh a fhreagras air mo luchd-amais. LIT 2-06a

A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-14a

'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach is an cleachdadh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoinichadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh is teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh. LIT 2-15a

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh.

Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d' fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-ìomchaidh. LIT 2-25a

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais. LIT 2-26a

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhineachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean. LIT 2-28a

